

1. Caol Àcain / Kyleakin

Meaning: *Haakon's Narrows*


Sealladh bhon mhullach View from the top

Bho Chaol Àcain, gabh gu socair suas tro choille is monadh gus am faighear seallaidhean drùidhteach farsaing bho mhullach Cnoc a' Mhadaidh Ruaidh.

Thoir fa-near nach eil ann an seo ach càrlann beag. Tha pàircadh gu leòr do chàraichean ann an Caol Àcain fhèin ge-tà.

From Kyleakin (*'kile-ack-in'*), head steadily up through woodland and open moorland to gain impressive, panoramic views from the summit of Cnoc a' Mhadaidh-ruaidh – hill of the fox.

Please note that parking is limited at the starting point. There is plenty of parking in the village.



Fiosrachadh air na slighean / Trail info

Slighe a' Chnuic Cnoc Trail

Fad-slighe: 2.3 km / 1.4 miltean
Ùine thuairmseach: 40 mion
Trail length: 2.3 km / 1.4 miles
Approx. time: 40 mins

Ceum morghain a chaidh a thogail a dh'aona ghnòthach airson do thoirt suas gu cuairt a' mhullaich agus ionadan-seallaidh.

A purpose-built gravel path that climbs steadily to reach the hilltop circular loop and viewpoints.

Slighe Anabhaig Anavig Trail

Fad-slighe: 3.5 km / 2.1 miltean
Ùine thuairmseach: 1 hour
Trail length: 3.5 km / 2.1 miles
Approx. time: 1 uair

Tha an cearcall seo a' lùbadh nas fhaide timcheall air a' chnoc tro choille gu ruige seallaidhean iongantach aig a' mhullach. This longer loop leads round the hill through woodland to spectacular views from the top.

2. Caol Reatha / Kylerhea

Meaning: *Reay's Narrows*

Bad na Bèiste-duibhe Top spot for otter spotters

An robh fios agad gur e Caol Reatha aon de na h-àitean as fhearr am Breatainn gus biast-dhubh a lorg? Cha tèid sinn an urras gum faic thu tè de na beathaichean neo-amaisgeil seo, ach chan eil rian nach còrd sealladh iongantach àlainn a' chosta riut. Seall a-mach cuideachd airson ròin, leumadairean is pèileagan, 's airson iomadh eun-mara.

Gabh romhad air Slighe Mamalan na Mara eadar càrlann Chaoil Reatha agus am Falachan. Fo fhasgadh an fhalachain, rannsaichidh tu fiadh-bheatha is dualchas a' Chaoil, ge b' e dè seòrsa aimsir a th' ann.

Did you know that Kylerhea (*'kile-ray'*) is one of the best places in Britain for spotting otters? We can't promise you'll see one of these elusive creatures, but you're sure to enjoy the breathtaking coastal scenery. Look out too for seals, dolphins and porpoises as well as countless seabirds.

Follow our Marine Mammal Trail between Kylerhea car park and the Otter Hide. In the shelter of the hide you can investigate the wildlife and culture of the Kyle, whatever the weather.



Fiosrachadh air na slighean / Trail info

Slighe Mamalan na Mara Marine Mammal Trail

Fad-astar: 2km / 1.2 mile (cuairt)
Ùine thuairmseach: 30 mion
Trail length: 2 km / 1.2 miles (return)
Approx. time: 30 mins

Slighe soirbh dhan Fhalachan, a-null frith-rathad math is sealladh fìor àlainn air na cladaichean.

An easy route to the Otter Hide, along a good track through stunning coastal scenery.

An robh fios agad gu bheil fionnadh nam biastan-dubha dà-bhreathach? Aon bhreath gan cumail blàth, fear eile gan cumail tioram.

Did you know that the otters have their very own layering system? One layer of fur keeps them warm, and another keeps them dry.




3. Ceann Locha / Kinloch

Meaning: *End of the Loch*

Crotal còrdail! I'm lichen it!

Tha na coilltean aosmhor seo gan ùrachadh fhèin. Tha am fàsghadh a thairgeas iad na àrainn mheasgaichte do dh'iomadh nì beò – eadar 's gur e crotail dhathte, meanbh-fhrìde no mamal a th' anna.

Rùraich am measg tobhtaichean tac Cheann Locha. Èist ri fuaimnean is òrain Ghàidhealach agus fosgail do shùilean ri beòthalachd na coille mun cuairt ort.




These ancient woodlands are enjoying a new lease of life. Their shelter provides a diverse habitat for all kinds of wildlife – from brightly coloured lichens to insects, birds and mammals.

Explore the remains of the old farm at Kinloch, enjoy the sounds and songs of Gaelic culture and open your eyes to life in woods around you.

Mas e latha blàth a th' ann, cùm sùil a-mach airson nathair-nìmh. Tha e a' còrdadh riutha bhith gam blianadh fhèin air clachan.

If it's a warm day, keep your eyes open for adders, Scotland's only venomous snake. They enjoy sunbathing on rocks.



Fiosrachadh air na slighean / Trail info

Slighe Leitir Fura / Leitir Fura Trail

Fad-slighe iomlan: 8 km / 5 miltean (cuairt) ○○○
Ùine thuairmseach: 2 uair
Full trail length: 8 km / 5 miles (return) ○○○
Approx. time: 2 hours

Cearcall nas giorra: 4 km / 2.5 miltean (cuairt) ●●●
Ùine thuairmseach: 1 uair
Shorter loop: 4 km / 2.5 miles (return) ●●●
Approx. time: 1 hour

Bho chàrlann Cheann Locha, tog ort a-null rathad nan dròbhairean no slighean na coille le seallaidhean a' chosta gu ruige tobhtaichean Leitir Fura.

From Kinloch car park, set off along forest trails with coastal views or woodland drove road to reach the abandoned village of Leitir Fura (*'lee-cheer foo-ra'*).

4. Gleann Breadail / Glen Brittle

From Norse, possibly meaning 'Broad Valley' with 'Gleann' added

Trobadh! Thig a-steach! Come on in!


Fo sgàil druim a' Chuilthinn Dhuibh, tha Coille Ghleann Breadail suidhichte ann an àite cho àlainn 's a gheibhear ann an Alba.

Rannsaich lionraidh nan slighean coille air do chois no air rothair – no dìreach gabh air do shocair gus tlachd a ghabhail a sealladh air leth air druim a' Chuilthinn. Air latha teth, faodaidh an fheadhainn dhàna am plumadh fhèin ann an uisge soilleir glan Linneachan nan Sithichean ged is fuar reòhte e!



In the shadow of the rugged Black Cuillin ridge, Glen Brittle Forest lies in one of the most dramatic locations in Scotland.

Explore the network of forest trails on foot or by bike – or just take it easy and enjoy some of the finest views of the Cuillin ridge anywhere. On a hot day, the wild at heart can enjoy a quick dip in the crystal-clear but icy cold Fairy Pools!



Fiosrachadh air na slighean / Trail info

Cearcall Bhealach Breadail Bealach Brittle Loop

Cearcall buidhe: 15 km / 9.5 miltean ●●●
Ùine thuairmseach: 4-5 uairean
Yellow loop: 15 km / 9.5 miles ●●●
Approx. time: 4-5 hours

Cearcall gorm: 9 km / 5.5 miltean ●●●
Ùine thuairmseach: 2.5 uairean
Blue loop: 9 km / 5.5 miles ●●●
Approx. time: 2.5 hours

Tòisich an cearcall buidhe aig càrlann Linneachan nan Sithichean. Gabh suas gu Bealach Breadail far a bheil seallaidhean drùidhteach air beanntan agus air Loch Aoinart. Cùm ort tron choille air ais dhan àite san do thòisich thu. Airson cearcall nas giorra, tagh a' chuaiirt ghorm. A' tòiseachadh aig Aoinart, tha i a' ruith mu oir an locha, a' dìreadh gu Bealach Breadail agus a' tilleadh thar a' cheuma uachdraich.

Start the yellow loop at the Fairy Pools car park. Head up to the pass of the Bealach Brittle with dramatic views of mountains and Loch Eynort. Carry on round through the forest to return to your starting point. For a shorter loop, choose the blue route. This starts at Eynort and skirts the loch before heading up to the Bealach Brittle and back along the upper path.